

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Fhoghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Prìomh fhiosrachadh:

- Ann am 'Modh-obrach 1+2'¹ faodaidh clann a' Ghàidhlig ionnsachadh mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd ann an sgoiltean tro Mheadhan na Beurla. Feumaidh gach oidhirt a bhith air a dhèanamh gus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a bhith air a ghabhail a-steach ann an curraicealam 3-18.

15.1 Is e cothrom a th' ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) do chlann is do dhaoine òga a' Ghàidhlig ionnsachadh mar phàirt den churraicealam. Mar phàirt de phlanadh airson 'Modh-obrach 1+2'² faodaidh clann a' Ghàidhlig ionnsachadh mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd ann an sgoiltean tro Mheadhan na Beurla. Tha a leithid de chothroman ann an-dràsta agus canar Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (GLPS) riutha. Aig ìrean na h-àrd-sgoile, canar Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ris na teisteanasan nàiseanta. Bithear a' cleachdadadh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) mar abairt thar co-theacsaichean a' churraicealaim 3-18 air fad agus nas fharsaing na sin. Tha an Curraicealam airson Sàrmhathais agus am Modh-obrach 1+2 ag àrdachadh ionnsachadh càin san fhoghlam fharsaing choitcheann. Tha am foillseachadh aig Foghlam Alba, An dreuchd aig Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an 'Ionnsachadh Càinann ann an Alba: Modh-obrach 1+2'³ a' comharrachadh gu bheilear a' misneachadh ùghdarrasan ionadail taic a thoirt do na sgoiltean aca a thaobh a bhith a' libhrigeadh prògram rianail airson GLE a bhios a' leantainn air adhart gu duaisean is teisteanasan.

¹ [Ionnsachadh Càinann ann an Alba](#): Modh-obrach 1+2 Buidheann-obrach Riaghaltas na h-Alba air Cànanan: Aithisg agus Molaidhean An Cèitean 2012

² [Ionnsachadh Càinann ann an Alba](#): Modh-obrach 1+2 Buidheann-obrach Riaghaltas na h-Alba air Cànanan: Aithisg agus Molaidhean An Cèitean 2012

³ [An dreuchd aig Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an 'Ionnsachadh Càinann ann an Alba'](#): Modh-obrach 1+2' Foghlam Alba 2014



Transforming lives through learning